



## Naisgearan

Dè th' ann an naisgear?



agus
an uair sin
a chionn 's
air sgàth 's
ach
oir
airson



Ceangailidh iad dà sheantans ri chèile.

Chaidh mi dha mo leabaidh. Bha mi sgìth.  
Chaidh mi dha mo leabaidh **a chionn 's** gun robh mi sgìth.

Chaidh sinn dhan a' phàirc. Chluich sinn ball-coise.  
Chaidh sinn dhan a' phàirc **agus** chluich sinn ball-coise.



## CUIR CEARCALL **DEARG** MUN NAISGEAR

Chaidh sinn suas an cnoc agus shuidh sinn còmhla.

Tha an cupa teth oir tha tì ann.

Tog am peann agus an uair sin sgrìobh d' ainm.

Ruith sinn a-steach dhan taigh a chionn 's gun tàinig fras.

msaa

## CEANGAIL NA SEANTANSAN LE NAISGEAR **UAINNE**

Mach à seo leibh. Na tillibh.

Trobhad dhan bhùth. Feumaidh mi bainne.

Faigh deoch uisge dhomh. Tha am pathadh orm.

Leugh a-mach e. Chan eil mi gad chluinntinn.

msaa



Geama far a bheil aig an sgoilear ri eacarsaich a dhèanamh mar gu h-àrd ach ann an geama coimpiutair. Multiple choice/click and drag correct or appropriate conjunctive into the sentence for example.

Leasain eile airson naisgearan:

Sgrìobh a-mach stiùireadh bho aon àite gu àite eile. 'S e pìos sgrìobhaidh a tha ann a tha a' cleachdadh tòrr naisgearan ann an dòigh gu math nàdarra.

Dh'fhaodadh map a bhith air an sgrìon. Leasan airson irson clas gu lèir/buidheann is feum aca canail a-mach, no sgrìobhadh no an dà chuid mar a nì thèid bho A gu B no E gu P is mar sin air adhart.

No tha aca ri "highlight" a chur air pìos sgrìobhaidh mar sin - gorm air gach naisgear.

Leudachadh: atharraich an naisgear gu naisgear eile.